

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath air ath-dhealbhadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne agus foghlam bun-sgoile ann an sgìre an iar Chomar nan Allt.

Am Faoilleach 2024

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh (Luchd-sgrùdaidh an Rìgh) a rèir chumhaichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“an Achd 2010”). ’S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh bho Comhairle Lannraig a Tuath gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus foghlam bun-sgoile ath-dhealbhadh air taobh siar Chomar nan Allt. Tha mion-fhiosrachadh goirid ann an Roinn 2 na h-aithisge air a’ phròiseas chonaltraidh. Tha Roinn 3 na h-aithisge ag innse beachdachadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach aig luchd-comhairle. Tha Roinn 4 a’ toirt geàrr-iomradh air beachd iomlan Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air a’ mholadh. Aon uair ’s gum faigh iad an aithisg seo, tha an Achd ag òrdachadh gum feum a’ chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh aca ullachadh. Bu chòir gum bi an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a’ mholadh, a rinneadh ath-sgrùdadh air a’ chiad mholadh. Bu chòir gum biodh geàrr-iomradh ann de na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh aca fhoillseachadh co-dhiù trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh. Far a bheil comhairle a’ moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh i na dleastanasan reachdail a bharrachd a tha ann an Achd 2010 a leantainn, a’ gabhail a-steach fios gu Ministearan taobh a-staigh sia làithean obrach an dèidh dhi a thighinn chun a’ cho-dhùnaidh dheireannaich agus mìneachadh do luchd-co-chomhairleachaidh gu bheil cothrom aca air riochdachaidhean a dhèanamh chun nam Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air:

- na buaidhean a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann agus òganaich ag ionnsachadh tron Ghàidhlig agus tron Bheurla sna sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus òganaich eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean coltach sam bith eile aig a’ mholadh;
- ciamar a tha a’ chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh’fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle an dùil a thig bhon mholadh a thoirt gu buil, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na gnìomhan seo os làimh:

- làthaireachd aig na coinneamhan poblach air an cumail air 27 agus 30 Samhain 2023 a thaobh moladh na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan/luchd-cùraim is eile;
- beachdachadh air tuilleadh bheachdan air an cur gu dìreach gu Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air taobhan foghlaim buntainneach den mholadh;
- beachdachadh air tuilleadh fiosrachaidh mu na sgoiltean air fad air a bheil buaidh; agus
- tursan gu làrach Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a’ Bhàird, Solar Taic a Bharrachd Sgoil-àraich Bhun-sgoil Mhic a’ Bhàird agus Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait, a’ gabhail a-steach còmhradh le luchd-comhairle iomchaidh.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath a' cho-chomhairle air a' mholadh/na molaidhean aca os làimh, a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Ghabh a' chomhairle os làimh a' cho-chomhairle eadar 6 Samhain agus 18 Dùbhlachd 2023. Bha am pàipear molaidh ri fhaighinn air làrach-lìn na comhairle agus ann an diofar àiteachan taobh a-staigh sgìre na comhairle. Chùm Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath tachartasan poblach aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird air 2 Samhain 2023 agus Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait air 30 Samhain 2023. Fhuair a' chomhairle 917 freagairtean mun cho-chomhairleachadh air-loidhne. Fhuair iad 322 post-d mun mholadh. Thog cha mhòr a h-uile conaltradh seo draghan mun ath-dhealbhadh airson Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Chuir cha mhòr a h-uile neach-freagairt airson Gàidhlig taic ri ath-dhealbhadh gus sgoil air leth a chruthachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha an luchd-ùidhe seo mar chuibhreann nas lugha de na freagairtean iomlan, air sgàth meud roinn na Gàidhlig. Bhruidhinn a' chomhairle ri clann anns an dà sgoil. Cha do dh'aontaich ach cuid den chloinn aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird ris a' mholadh. Rinn mu leth dhiubh sin aig Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Bidh Comhairle na h-Eaglaise Brice a' cleachdadh nan seirbheisean airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Comhairle Shiorrachd Lannraig a Tuath. Chan eil iad air freagairt a thoirt don cho-chomhairleachadh seo.

2.3 Bha 75 pàrant/neach-cùraim, 18 buill de luchd-obrach na sgoile agus triùir bhall taghte an làthair aig an tachartas phoblach ann am Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Bha 43 pàrant/luchd-cùraim, naoinear luchd-obrach na sgoile, dithis bhall thaghte agus Comann nam Pàrant an làthair aig an tachartas poblach ann am Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Bha cha mhòr a h-uile neach a bha an làthair aig an dà choinneamh phoblach a' cur taic ri sgoil ùr air leth airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Thog luchd-frithealaidh aig an dà choinneamh phoblach grunn draghan mun mholadh. Chomharraich iad nach robh ro-cho-chomhairleachadh ann, a bha sònraichte don mholadh, gus beachdachadh agus fuasgladh fhaighinn air cùisean. Tha dragh air an fheadhainn a tha an làthair aig an dà choinneamh mun chlàr-ama airson atharrachaidhean a chur an gnìomh, ma thèid a' chomhairle air adhart leis a' mholadh. Tha iad a' faireachdainn gu bheil feum aig pàrantan/luchd-cùraim, clann agus luchd-obrach air barrachd ùine na Lùnastal 2024 airson eadar-ghluasad rèidh a phlanadh agus a libhrigeadh. Tha luchd-frithealaidh ag iarraidh barrachd co-chomhairleachaidh leis a' chomhairle.

2.4 Cha robh luchd-frithealaidh fòram poblach Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird soilleir carson a chaidh am moladh a chur air adhart agus dè na roghainnean eile, ma tha gin, a chaidh a sgrùdadh. Bha luchd-frithealaidh a' faireachdainn gun robh am moladh iom-fhillte le builean cudromach san fhad-ùine. Dh'aithnich pàrantan na buannachdan foghlaim bho sgoil Ghàidhlig air leth, ach cha cha do dh'aithnich na buannachdan do chloinn a' dol tro mheadhan na Beurla. Mhol iad gum biodh buannachdan foghlaim air an seòrsachadh airson cloinn a tha a' frithealadh suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, aonad taic nan tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird, agus clann a tha ag ionnsachadh tro Ghàidhlig agus Beurla aig Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Thog pàrantan cuideachd grunn dhraghan a thaobh goireasan anns gach sgoil, agus cor Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait.

2.5 Tha Bòrd na Gàidhlig na chomhairliche reachdail airson cho-chomhairlean a bheir buaidh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha iad a' cur fàilte air sgoil air leth a stèidheachadh agus ullachadh nas fheàrr airson sgoil-àraich. Tha Bòrd na Gàidhlig a' sònrachadh gum biodh buannachdan foghlaim a' mholaidh air an neartachadh le ceannardas agus luchd-obrach a tha comasach air taic a thoirt do bhogadh iomlan taobh a-staigh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha iad a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha e structar àrdachaidh iomlan a stèidheachadh le

ceannard sònraichte gus taic a chumail ri luchd-obrach sònraichte a ghlèidheadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig.

2.6 Fhreagair Comann nam Pàrant, gach cuid nàiseanta is ionadail, san aon dòigh ri Bòrd na Gàidhlig sa cho-chomhairle. Tha iad ag aontachadh le Foghlam Meadhan Gàidhlig a' gluasad gu Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird, leis na h-atharrachaidhean togail a dh'fheumar gus làn-bhogadh a dhèanamh comasach do chloinn ann am P1-3. Bheireadh Comann nam Pàrant taic cuideachd do dh'Fhoghlam Meadhan Gàidhlig a bhith a' fuireach ann am Bun-sgoil agus Sgoil-Àraich Chondobhrait, leis na leasachaidhean togail riatanach. Tha iad a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e gum bi a' chomhairle a' cumail orra a' toirt prìomhachas do stèidheachadh air sgoil fa leth.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Tuath air moladh a thòiseachadh airson ath-dhealbhadh a dhèanamh air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, agus foghlam bun-sgoile air taobh siar Chomar nan Allt. Bheir seo buaidh air ionnsachadh tro mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig. Bheir e buaidh cuideachd air aonad taic airson nam bliadhnaichean tràtha. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil feum air beagan ath-dhealbhadh gus feumalachdan foghlaim air taobh siar Chomar nan Allt a choinneachadh nas fheàrr. Tha an dà bhun-sgoil faisg air a chèile. Tha astar coiseachd 0.4 mìle agus astar dràibhidh 0.6 mìle eadar togalaichean na dà sgoile. Tha an dà sgoil co-cheangailte ri Àrd-sgoil Greenfaulds. Tha a' chomhairle air buannachdan foghlaim bhon mholadh aca a thaisbeanadh. Tha cùisean cudromach fhathast aig a' chomhairle ri thoirt air adhart ann a bhith a' taisbeanadh buannachdan foghlaim làidir dhaibhsan uile air an tug am moladh buaidh.

3.2 Tha feallsanachd na comhairle airson a' mholaidh aca a' toirt a-steach a bhith a' toirt air adhart dhleastanasan reachdail gus a' Ghàidhlig adhartachadh agus fhàs mar phàirt den Phlana Ghàidhlig aca. An-dràsta, chan eil ach trì solaran aig a' chomhairle uile gu lèir a tha a' libhrigeadh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Ann an taobh an iar Chomar nan Allt, is e fòcas a' mholaidh seo, Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith ri fhaighinn san sgoil-àraich (suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne) agus sa bhun-sgoil aig Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait agus Àrd-sgoil Greenfaulds mar an àrd-sgoil co-cheangailte. Tha na sgoiltean sin a' libhrigeadh Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Beurla san aon sgoil. Tha sgoil-àraich eile aig a' chomhairle ann am Bun-sgoil Tollbrae, a tha taobh a-muigh taobh siar Chomar nan Allt. Ach, bidh clann Sgoil-àraich Bun-sgoil Tollbrae a' gluasad gu bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean Foghlam Meadhan Gàidhlig air taobh siar Chomar nan Allt. Bheireadh moladh na comhairle cothrom air solar sònraichte fa leth aig ìrean sgoil-àraich agus bun-sgoile. Bhiodh seo a' coinneachadh ri iarrtas phàrantan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gum bu chòir solar sònraichte fa leth a stèidheachadh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Ach, feumaidh a' chomhairle suidheachaidhean nas fheàrr a chruthachadh airson a bhith a' toirt a' mholaidh seo air adhart, leis an ìre de ghearan a fhuaras mu thaobhan den mholadh aca. Feumaidh a' chomhairle innse nas soilleire cho cudromach 's a tha luchd-labhairt le teisteanas sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach ceannard, ann a bhith a' coileanadh nam buannachdan foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig.

3.3 Gus amasan a' mholaidh a choileanadh, tha a' chomhairle an dùil an solar foghlaim ath-dhealbhadh taobh a-staigh dà thogalach bun-sgoile. Tha a' chomhairle air adhbhar nan togalaichean sgoile aca san àm ri teachd a dhearbhadh a rèir àireamhan nan sgoilearan. Thathar a' moladh an togalach as motha, Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait, airson Foghlam Meadhan Beurla. Thathar a' moladh Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil ath-dhealbhadh mar phàirt de ro-innleachd leantainneach ann a bhith a' stiùireadh oighreachd sgoile gus dèanamh

cinnteach gu bheil a' chomhairle a' coileanadh amasan den luach as fheàrr agus adhbharan foghlaim. Ach, feumaidh seo a bhith stèidhichte air deagh cho-chomhairleachadh, co-aontachd agus co-dhùnaidhean. Feumaidh a' chomhairle, san aithisg co-chomhairleachaidh aca, dearbhadh a thoirt do luchd-ùidhe air mar a chleachdas iad comas thogalaichean a rèir àireamh sgoilearan airson ath-eagrachadh foghlaim air taobh siar Chomar nan Allt. Feumaidh luchd-ùidhe a bhith nas soilleire ciamar agus carson a tha a' chomhairle a' cleachdadh comas a thaobh àireamh iomlan nan sgoilearan anns gach sgoil gus taic a thoirt don mholadh. Bu chòir don chomhairle barrachd soilleireachaidh a dhèanamh air a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aig àrdachadh sam bith ann an clàran sgoile. Bu chòir dhaibh tuilleadh mìneachaidh a dhèanamh air mar a chleachdas iad dàta bho iarrtasan suidheachaidh agus a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aige air a' mholadh seo. Bu chòir don chomhairle àireamhachadh a bharrachd a dhèanamh air rolan ro-mheasta de dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Feumaidh seo aithneachadh gu bheil sgoiltean leotha fhèin airson Foghlam Meadhan Gàidhlig sa chumantas a' tarraing barrachd ùidhe bho phàrantan ann an taghadh nan sgoiltean sin airson an cuid chloinne. Feumaidh a' chomhairle cuideachd dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air a h-uile comas a tha san amharc aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Feumaidh iad soilleireachadh a bheil am moladh aca a' gabhail a-steach comas Aonad Taic Tràth-bhliadhnaichean Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird.

3.4 Bha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ann an conaltradh le raon de luchd-ùidhe mar phàirt den phròiseas co-chomhairleachaidh. Choinnich iad ri àrd-stiùirichean anns gach sgoil, còig buidhnean fòcais de phàrantan, trì buidhnean fòcais chloinne, dà bhuidheann de thidsearan agus luchd-taic agus dà bhuidheann de luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean airson Foghlam Meadhan Beurla agus na Gàidhlig, agus feumalachdan taic a bharrachd. Chomharraich an luchd-ùidhe seo buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann don mholadh. Ach, thog iad cuideachd raon de dhraghan cudromach. Thug pàrantan athchuinge do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh an aghaidh a' mholaidh. Bha 2,717 ainmean-sgrìobhte air an athchuinge.

3.5 Tha pàrantan agus cha mhòr a h-uile neach-ùidhe eile airson Gàidhlig a' toirt taic do sgoil air leth a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha seo air leth cudromach dhaibh ann a bhith a' faighinn foghlam àrd-inbhe eadhon nas àirde. Tàrmaichidh clann fileantachd sa Ghàidhlig agus buannachdan dà-chànanais. Tha cha mhòr a h-uile neach-ùidhe airson Gàidhlig a' toirt taic don ghluasad gu Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Tha pàrantan air a bhith ag obair leis a' chomhairle airson timcheall air deich bliadhna gus solar air leth a stèidheachadh. Tha iad a' cur an cèill am beachd gu bheil e fada ro fhadalach airson solar sònraichte. Bhiodh na pàrantan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, mar na pàrantan ann am Foghlam Meadhan Beurla, cuideachd air fàilte a chuir air an roghainn Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait a chumail mar sgoil shònraichte airson bogadh sa Ghàidhlig. Ach, chan eil iad airson cunnart a dhèanamh air solar sònraichte a tha ri fhaotainn dhaibh. Tha luchd-ùidhe na Gàidhlig a' cumail taic làidir ris gum feum Foghlam Meadhan Gàidhlig fuireach ann an Comar nan Allt. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' toirt taic don bheachd gu bheil fianais làithreach air iarrtas airson Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an Comar nan Allt. Tha an t-ionad seo air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chur an gnìomh gu soirbheachail. Tha pàrantan a' toirt cunntas air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait mar dhachaigh Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath. Tha iad ag aithneachadh na tha luchd-obrach a' cur ris na soirbheasan sin.

3.6 Tharraing am moladh seo beagan nàimhdeas agus mì-thuigse mu adhbhar ath-dhealbhadh agus mun Ghàidhlig. Bu chòir don chomhairle sgoiltean agus a' choimhearsnachd a chuideachadh gus dàimhean a thogail agus fuasgladh a dhèanamh air na mì-thuigsean sin. Ann a bhith a' toirt nam buannachdan foghlaim gu buil, bu chòir don chomhairle cuideachd dèanamh cinnteach, san fhad-ùine, gu bheil curraicealaman sgoiltean a' togail air a' Ghàidhlig mar cho-theacsa. Chuidicheadh seo clann gus an eòlas a thogail mar phàirt de chothromachd, co-ionannachd, iomadachd, buinteanas agus in-ghabhail. Tha a' chlann air fad air an tug am moladh

seo buaidh a' fuireach agus ag ionnsachadh sa choimhearsnachd, le cha mhòr a h-uile gin dhiubh a' gluasad gu Àrd-sgoil Greenfaulds.

3.7 Tha moladh na comhairle a' toirt a-steach clann a' gluasad sgoiltean gus dà sgoil fa leth a chruthachadh airson Foghlam Meadhan Beurla agus Gàidhlig. Tha pàrantan aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird gu làidir an aghaidh gum feum an cuid chloinne gluasad gu Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait airson an rèiteachaidh seo. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air dearbhadh gu bheil mòran an aghaidh clann aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird a bhith air an gluasad gu Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Chaidh an dùbhlán seo a chuir an cèill ann an grunn dòighean. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh den bheachd gum bu chòir don chomhairle tuilleadh co-chomhairleachaidh a chumail air taobhan den mholadh aca mar a tha e a' toirt buaidh air Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Chan eil a' chomhairle air a dhol an sàs ann an co-chomhairleachadh gu leòr gus feallsanachd agus tuigse a thogail gus am moladh aca adhartachadh mar a tha e a' toirt buaidh air Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Tha feum aig pàrantan air còmhraidhean nas coileanta agus barrachd roghainnean a bhith mar phàirt den mholadh. Chan eil Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gun deach roghainnean eile a sholarachadh a thaobh a bhith a' moladh an t-suidheachaidh a th' ann an-dràsta no gum bi Bun-sgoil Chondobhrait air a dùnadh. Cha robh pàrantan a' faicinn gun robh coinneamhan agus gnìomhan co-chomhairleachaidh na comhairle buannachdail gu leòr. Tha ceistean gun fhreagairt aca a dh'fheumas fuasgladh. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gum feum na buannachdan foghlaim a bhith air am mìneachadh tuilleadh do phàrantan/luchd-cùraim aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Bidh seo cuideachd a' toirt buaidh air co-ionannachd agus còraichean chloinne agus measaidhean buaidh air sunnd. Tha dragh air pàrantan cuideachd mun chiad chlach-mhìle a shuidhich a' chomhairle airson a' mholaidh a chur an gnìomh san Lùnastal 2024, no ma bhios feum air, le atharrachadh 12 mìosan. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh den bheachd nach eil an Lùnastal 2024 ion-dhèanta ann a bhith a' dèanamh cinnteach à co-obrachadh gu leòr le luchd-ùidhe air a' mholadh, agus gu bheil rèiteachaidhean gluasaid coileanta nan àite airson na cloinne air fad. Tha dragh air Luchd-sgrùdaidh an Rìgh gu bheil pàrantan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig air a bhith a' bruidhinn mun iarrtas aca leis a' chomhairle airson deich bliadhna. Feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach à astar atharrachaidh luath is reusanta ann a bhith a' stèidheachadh solar bogaidh speisealaichte leis fhèin airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh den bheachd gum bu chòir don chomhairle a bhith ag amas air an dàrna ceann-latha a chaidh a mholadh san Lùnastal 2025 a choileanadh.

3.8 Tha staid togalach Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait air a mheasadh de dh'inbhe nas ìsle na Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Tha dragh air luchd-ùidhe mu dìon uisge agus asbestos aig Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Thug pàrantan aithisg do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh o chionn ghoirid air asbestos ann am Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Feumaidh a' chomhairle coimhead ri cothromachd nan solaran anns na suidheachaidhean sa bheil clann agus luchd-obrach air fad ag ionnsachadh 's ag obair, ma bheir iad air adhart am moladh. Bha pàrantan aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird cuideachd a' faireachdainn gu bheil an raon airson ionnsachadh agus cluich a-muigh nas fheàrr san sgoil aca na aig Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Bu chòir don chomhairle barrachd mion-fhiosrachaidh a thoirt seachad san aithisg co-chomhairleachaidh aca mu bhuannachdan foghlaim nam prìomh fheartan a tha ann an ionnsachadh agus cluich buadh-mhor air a' bhlàr a-muigh. Dh'fhaodadh iad cuideachd barrachd feum a dhèanamh de na comharran sunnd mar phàirt de mheasaidhean buaidh.

3.9 Tha a' chomhairle air sgìre-sgoile a mholadh airson Foghlam Meadhan Beurla, ma thèid am moladh air adhart. Bu chòir dhaibh cuideachd sgìre-sgoile a stèidheachadh timcheall air an sgoil a thathar a' moladh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig agus am pròiseas airson iarrtasan suidheachaidh a shoilleireachadh. Tha a' chomhairle air ath-sgrùdadh a dhèanamh o chionn ghoirid air an ullachadh airson còmhaidhail an-asgaidh a thoirt do sgoiltean. Tha dragh air pàrantan

mu bhuidh nan ath-sgrùdaidhean sin, slighean sàbhailte don sgoil agus pàirceadh timcheall sgoiltean. Anns an aithisg co-chomhairleachaidh aca, feumaidh a' chomhairle soilleireachadh mar a tha iad air obrachadh còmhla ri pàrantan, a' choimhearsnachd agus clann gus na cùisean sin fhuasgladh. Bu chòir dhaibh cuideachd soilleireachadh a thoirt do phàrantan Foghlam Meadhan Gàidhlig mu phoileasaidh na comhairle a thaobh còmh-dhail sgoile an-asgaidh, leis gun cùm a h-uile pàiste air feadh na comhairle orra a' siubhal gu taobh siar Chomar nan Allt airson Foghlam Meadhan Gàidhlig, nan deigheadh am moladh a chur an gnìomh.

3.10 Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil buannachdan foghlaim aig moladh na comhairle a thaobh solar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne Beurla is Gàidhlig air leth a stèidheachadh. Ach, feumaidh a' chomhairle tuilleadh soilleireachaidh a dhèanamh air na h-ullachaidhean aca airson solar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne do chlann le feumalachdan taic a bharrachd. An-dràsta, tha an dà chuid solar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne tro mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig stèidhichte ann am Bun-sgoil Chondobhrait. Tha an solar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne ag obair fad na bliadhna gus 1140 uair a thìde fa leth de tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha an gainnead de sheòmaichean-cluiche an-dràsta a' cuingealachadh roghainn phàrantan airson amannan nan seiseanan. Chan eil e a' toirt taic gu leòr do phàrantan obrach phàrantan. Tha luchd-ùidhe a' faireachdainn gun tigeadh àrdachadh ann an clàraidhean ann an Gàidhlig agus Beurla airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, agus a' leantainn gu P1, mar thoradh air moladh na comhairle. An-dràsta, tha àireamhan ann an Gàidhlig agus Beurla a' crìonadh ann am Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Bu chòir don chomhairle, san aithisg co-chomhairleachaidh aca, leudachadh air barrachd de na buannachdan bhon mholadh aca a thaobh barrachd clàraidhean airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus airson adhartas chloinne, fileantachd cànan agus ann an coileanadh phrìomhachasan nàiseanta. A bharrachd air an sin, airson clann san àm ri teachd ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, na buannachdan a thig an cois barrachd bogaidh iomlan. Ma thèid a' chomhairle air adhart leis a' mholadh seo, bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gun lean clann a tha so-leònte, agus a' faighinn buannachd bho thaic fad na bliadhna ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, a' dèanamh sin. Bu chòir don chomhairle cuideachd ro-innleachd a leasachadh airson luchd-obrach aig a bheil teisteanasan iomchaidh, fileantachd sa Ghàidhlig agus/no seirbheis don chomhairle a chumail.

3.11 Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil feum air tuilleadh co-chomhairleachaidh air moladh na comhairle airson cloinn a bhith a' frithealadh solar feumalachdan taic a bharrachd aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Chan eil pàipear na comhairle a' cleachdadh tiotal an t-solair, Aonad Taic Tràth-bhliadhnaichean Cuimhneachan Mhic a' Bhàird . Tha seo clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson 40 chloinne ach chan eil àireamh SEED fa leth aige (àireamh air leth seachd-dhidseatach air a sònrachadh le Riaghaltas na h-Alba do gach sgoil Albannach). Bu chòir don chomhairle dearbhadh a bheil an togalach seo air a ghabhail a-steach san àireamhachadh aca airson comas-lìonaidh sgoilearan agus mar phàirt den mholadh. Tha pàrantan an-dràsta ag aithneachadh gu bheil moladh na comhairle a' comasachadh dòigh-obrach mean air mhean, gus an cuir an fheadhainn a tha clàraichte san sgoil-àraich airson feumalachdan taic a bharrachd crìoch air an ìre seo den fhoghlam aca ann am Bun-sgoil Cuimhneachaidh Mhic a' Bhàird. Tha seo a rèir phlanaichean taic chloinne, a bhios a' gabhail a-steach gluasad bhon Aonad gu Prìomh 1. Tha a' chomhairle air innse gun tèid ullachadh airson clann san àm ri teachd a shuidheachadh nas fhaisge air an dachaighean ann an Ionadan Ionnsachaidh Teaghlaich. Tha iad air dearbhadh gu bheil comas gu leòr ann airson a' chlann a chumail aig na h-Ionadan Ionnsachaidh Teaghlaich. Tha luchd-ùidhe a' sireadh tuilleadh soilleireachaidh bhon chomhairle gu bheil na h-ullachaidhean seo san àm ri teachd a' tabhann na h-ìre cheart de thaic speisealaichte a bharrachd. Anns an aithisg co-chomhairleachaidh aca, bu chòir don chomhairle solarachadh san àm ri teachd a shoilleireachadh agus an t-adhbhar nach eil

roghainn sa mholadh aca airson sgoil-àraich feumalachdan taic a bharrachd cumail a' dol taobh a-staigh nan rèiteachaidhean a thathar a' moladh airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait.

4. Geàrr-iomradh

Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil feum air seirbheisean foghlaim ath-dhealbhadh air taobh siar Chomar nan Allt gus solar fa leth a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha sinn cuideachd ag aontachadh gu bheil buannachdan foghlaim aig a' mholadh, ma thèid a bhuileachadh, airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha aig a' chomhairle fhathast ri dèiligeadh ri gearanan làidir bho luchd-ùidhe nach eil a' faicinn buannachdan foghlaim do chloinn aig Bun-sgoil Cuimhneachaidh Baird an-dràsta. Bu chòir don chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil na h-aithrisean buannachdan foghlaim san aithisg cho-chomhairleachaidh aca, agus measaidhean buaidh co-cheangailte riutha, a' buntainn ris a h-uile buidheann agus neach air an toir am moladh buaidh. Feumaidh na h-aithrisean buannachdan foghlaim cuideachd dèiligeadh gu soilleir ris gach atharrachadh a thathar a' moladh sa mholadh seo. Bu chòir don chomhairle cuideachd tuilleadh rèiteachaidhean soilleir a shoilleireachadh dhaibhsan ann an Aonad Taic nan Tràth-bhliadhnaichean. Bu chòir dhaibh an gnàthasan ainmeachaidh ceart a chleachdadh airson an t-solair seo. Feumaidh a' chomhairle dèiligeadh ri draghan luchd-ùidhe. Tha iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' cumail air adhart a' conaltradh le luchd-ùidhe mu sgoil air leth a sholarachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig agus sgoil eile airson Foghlam Meadhan Beurla, suidheachadh nan togalaichean, rèiteachaidhean siubhail is còmhdhail agus ath-nuadhachadh dhàimhean matha. Bu chòir dhan chomhairle dèanamh cinnteach gum faigh iad beachdan Comhairle na h-Eaglais Brice air a' mholadh seo.

Anns an aithisg co-chomhairleachaidh aca, feumaidh a' chomhairle dèanamh soilleir mar a bhios pàrantan a' dèanamh iarrtasan san àm ri teachd airson tuilleadh sholaran Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh, mar a chaidh a shuidheachadh ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh Am Faoilleach 2024